

Bòrd MG ALBA

Coinneamh shònraichte, a' leantainn coinneamh 28/2/19

MG ALBA, Glaschu

Dihaoine 29/3/19, 1030-1330

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnullach (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnaill
	Daibhidh Brew	Màiri Kidd
	Donald MacAmhlaidh	Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Leisgeulan: Dùghall MacAmhlaigh, Calum MacFhearghais

**1. Ceumannan Ro-innleachd airson na Co-bhanntachd**

1.1. Aig coinneamh na Samhna (29/11/18) bheachdaich buill aig àrd-ire mu dhiofair roghainnean a bha ag amas air cruth atharrachadh a thoirt air bonn-stèidh maoin chraoladh Gàidhlig. Chaidh aontachadh pàipear ullachadh a' coimhead air na diofair roghainnean sin ann am barrachd dhoimhneachd, le anailis air laigsean is neartan, is cuideachd lèirmheas air mar a rachadh gach roghainn a chuir an sàs. Bha pàipear air beulaibh bhall le na ceithir roghainnean sin.

1.2. Am measg nam prìomh puingean deasbaid bha:

- ciamar a bhiodh telebhisean Gàidhlig air a mhaoineachadh san àm ri teachd, mar a bha e an-dràsta no an rachadh uallach Riaghaltas na h-Alba a lùghdachadh no a chur às gus a għluasad chun Chìs Craolaidh, mar a tha agus a bhios a' tachairt le S4C, no ann am briathran eile, dè uallach a' Chìs Craolaidh airson telebhisean Gàidhlíg;
- teagamh ann mu ciamar a bhiodh maoineachadh poblach a bharrachd ri fhaighinn san ùine tha romhainn, no fiùs an crònadh e;
- ciamar a b' fheàrr a bheireadh sinn an èiginn a bha MG ALBA a' faireachdainn mu shuidheachadh telebhisein Gàidhlig gu ìre prìomhachas aig na riaghaltasan agus a' BhBC,

agus an ann tro barrachd còmhchradh no tro bhith a' gabhail co-dhùnaidhean sinn fhìn a dh'fhaodabh a bhith connspaideach agus ri linn sin a bheireadh com-pàirtean chun a' bhùird;

- feum air an argamaid mu co-ionnanachd spèis bhon BhBC a chonaltradh le luchd-poilitigs;
- gu robh Ofcom agus Riaghaltas na h-Alba a' sùileachadh gun sealladh MG ALBA ceannardas air a' chuspair seo;
- bha mothachadh ann nach deach an t-Aonta Laghail leis a' BhBC ùrachadh ach gun deach iomairt ùrachaidh a chur gu taobh dà bhliadhna air ais nuair a cho-dhùin am BBC seanail ùr Beurla a thòiseachadh ann an Alba – roghainn MG ALBA a bhith a' sireadh barrachd maoin tro phròiseactan seach tro aonta chorporra, airson ùine co-dhìu fhad 's a rachadh dàimhean obrach a neartachadh leis a' BhBC (me mar a thachair le CBeebies, a' leantainn gu CBeebies ALBA);
- chaidh a chomharrachadh gu bheil feum air Gàidheal agus a' choimhairsnachd Ghàidhlig a bhith a' togail an guthan mu chothromachd an t-suidheachaidh;
- bhiodh e cudromach gun tachradh conaltradh le luchd-ùidh agus buidhnean mus tèid an t-slige air adhart a dhealbhadh.

### 1.3. Bha buill den bheachd a leanas

- nach ro Modail 1, an *status quo* iomchaidh airson an àm ri teachd;
- gun ro Modail 2, *aonta ùr* leis a' BhBC stèidhichte air na h-aon phrionnsabalan ach le leasachadh air maoin agus co-roinn ùr uallaichean, na phriomhachas;
- nach robh Modail 3, *briseadh na co-bhanntachd craolaidh gus am biodh MG ALBA mar Fund gun uallaichean craolaidh*, ri leantainn, ged a bha co-dhiù aon bhall gu làidir den bheachd gum bu chòir a chumail fosgailte mar roghainn; agus
- gum bu chòir Modail 4, *modail TG4, far am biodh MG ALBA mar chraoladair agus am BBC mar thaic*, a leasachadh gu ire comais, gus am faicear na buannachdan agus na cunnartan.

### 1.4 An lùib na prìomh cheistean, ge bith dè am Modail, bha:

- dè am pasgan maoineachadh a th' ann gu h-iomlan;
- dè an t-airgead a tha am BBC a' cur ann agus
- bheil an t-airgead tha seo contestable?

### 1.5 'S e ceist tha annta seo dha Ofcom agus luchd-poilitigs.

### 1.6 An dèidh an deasbaid seo, chaidh na leanas aontachadh:

- buidheann-obrach ro-innleachd agus co-bhanntachd a stèidheachadh san aithghearrachd, le ballrachd den Chathraiche, Leas-chathraichean nan Comataidhean agus buill bhon Sgioba Àrd-stiùiridh;

- coimhead ann am barrachd doimhneachd ri dà roghainn (2 agus 4, le prìomhachas ga thoirt do 2);
- thèid beachdaidh air a bheil feum air taic bhon taobh a-muigh gus cùisean a ghluasad gu luath;
- thèid cumhaichean iomraidh, deit crìochnachaidh agus buidseat (ma bhios feum) a chuir air chois.

1.7 Thig molaidhean air ais chun bhùird san Ògmhios. (Gníomh: DC)

## **2. Clàr Riosgan**

- 2.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le mìneachadh gu robh am buidheann anns na mìosan mu dheireadh air a bhith a' cur an gníomh molaidhean an Neach Sgrùdaidh In-Taigh eForensics, a chaidh a lìbhrigeadh air 25/10/17 agus a chaidh a dheasbad leis a' Bhord air 22/3/18 agus arithist air 7/6/18 agus 28/2/19.
- 2.2 Ri linn na còmhraidhean a bha aig a' Bhòrd air 28/2/19, bha dreach Clàr Riosgan den t-seòrsa a chaidh a mholadh aig Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaileaird air 6/2/19, a' moladh nan cuspairean as cudromaiche dhan Bhòrd.
- 2.3 Chaidh a chomharrachadh, mar riosg, ged a bha e a' coimhead coltach gun deigheadh amasan plana obrachaidh 2018/19 a choileanadh gu robh cunnart ann a bhith a' call cothroman fhad-ùine ri linn gainnead goireasan agus gur e seo an rud as mothach a bha a' cur dragh an-dràsta.
- 2.4 A thaobh cumadh a' Chlàir, às dèidh deasbaid chaidh na leanas aontachadh:
- bu chòir gach riosg a bhith a' sealltainn miann no sannt a' bhùird [àrd, meadhanach, iséal] airson leithid de riosg, mar a chaidh aontachadh sa Mhàrt 2018. Rachadh riosgan a bhathas a' measadh os cionn sannt a' Bhùird a shònachadh dhan Bhòrd;
  - neach-seilbh a chomharrachadh airson gníomhan leasachaichd mu choinneimh gach riosg.
- 2.5 Le na cùmhnanan a bha sin, bha buill riaraichte leis an fòrmat ùr, le na molaidhean gu h-àrd, agus thèid coimhead ris ann an barrachd doimhneachd aig an ath choinneamh den Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileaird. (Gníomh: DC)

## **3. A' togail fàire**

- 3.1.** A' leantainn molaidhean a' bhùird air 28/2/19, bha clàr air beulaibh bhall - a bu chòir leughadh taobh ri taobh ri Clàr Riosgan - ag amas air planadh a bhrosnachadh agus goireasan a stiùireadh gu far a bheil na cothroman buailteach a bhith.
- 3.2.** Bha buill riaraichte leis a' chlàir agus chaidh na leanas aontachadh:

- leigidh buill fios ma tha iad airson coimhead ann an tuilleadh doimhneachd ri dad sam bith air a' chlàr;
- thèid duilleag a bharrachd a chuir ris, le rud beag cùl fhiosrachadh air cuid a rudan;
- thèid co-labhairtean nam pàrtaidhean politigeach a chuir ris, a thuilleadh air gu bheil 100 bliadhna ann bho thòisich am BBC a' craoladh. (Gníomh: DC)

## **4. Planadh airson 2019/20**

### **4.1. Goireasan daonna**

Chaidh seo a dheasbad ann an seisean prìobhaideach le buill agus an t-Àrd-Oifigear aig deireadh na coinneimh

### **4.2. Plana Obrachaidh**

- 4.2.1 Bha earrainnean den phlana-obrachaidh air beulaibh bhall.
- 4.2.2 Bhathas a' sìreadh aonta a' Bhùird airson buidseat a bha a' sealtainn cosgais £200k seachad air an t-airgead ris a bheil dùil, air cumhnant gun rachadh am beàrn ionmhasail seo a làimhseachadh tron bhliadhna le plana airson an £200k a thogail no sàbhalaidhean de £200k a lorg.
- 4.2.3 An dèidh deasbaid, bha am bòrd dha fhaicinn iomchaidh a dhol air adhart air cumhnant gum biodh tabhartas Riaghaltas na h-Alba airson 2019/20 aig £12.8m mar a bha e airson 2018/19.
- 4.2.4 Chaidh aontachadh cuideachd:
  - buill a chumail fiosraichte gu ghluasadan sam bith san t-suidheachadh;
  - aig an ath choinneamh de Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh air 21/5/19 gum biodh rangachd phròiseactan (hierarchy of projects with priority of spend) air beulaibh a' Chomataidh agus
  - thig aithisg chun bhùird san Ògmhios. (Gníomh: DC)

## **5. GISBE**

- 5.1 Chaidh innse gun deach turas Kate Fhorbais BPA, Ministear son Ionmhas Poblach agus Eaconomaidh Didseatach gu MG ALBA air 26/3/19 gu math.
- 5.2 Bha an t-Àrd-Oifigear an làthair aig cothrom còmhraighean didseatach agus buaidh seo air gniomhachas agus coimhleasachd. Fhuaireas cothrom a dhol an sàs ann an còmhraighean leis an roinn aice agus thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air an seo.
- 5.3 Dh'innis an t-Àrd-Oifigear gu robh e an làthair aig fòram ceannardan na NPDS.

**6. Deit agus ceann-là na h-ath choinneamh**

Feasgar Dimàirt 11 agus madainn Diciadain 12 Ògmhios 2019.

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: